



CEANGAL /CWLWM III

26-27 November 2021

Brath-ullachaidh pròiseict do Sgrìobhaichean, Stiùirichean is Cleasaichean

Is e Ceangal | Cwlwm III an treas cruinneachadh de luchd-ealain a tha ag obair ann an dealbh-chluicheadaireachd ann an Gàidhlig na h-Èireann, Gàidhlig na h-Alba agus a' Chuimris. Chaidh coinneamh na bliadhna seo a chumail gu tur air loidhne **26 & 27 den t-Samhain**.

Is e ceithir prìomh amasan a' chruinneachaidh:

- A bhith a' fiosrachadh dhòighean innleachdach air obair ùr a dhèanamh sna trì mion-chànainean seo.
- A bhith a' fìdreadh is a' pàirteachadh mhodailean den chleachdadh as fheàrr.
- Prionnsapalan-iùil coitcheann aontachadh do dh'earrainn na dealbh-chluicheadaireachd a tha ag obair an Gàidhlig na h-Èireann, Gàidhlig na h-Alba agus a' Chuimris, a dh'altraimeas urram, iol-ghnèitheachd chànanach agus co-ionannachd.
- Luchd-dèanaimh dealbh-chluicheadaireachd a choimiseanadh gus an taisbean iad obair ùr sna cànainean dùthchasach aca, is e sin a' Chuimris, Gàidhlig na h-Èireann agus Gàidhlig na h-Alba.

Gairm:

Mar phàirt den chruinneachadh am-bliadhna, coimiseanaidh Ceangal | Cwlwm III 6 pìosan ùra de dh'obair ri an taisbeanadh gu digiteach aig tachartas sònraichte air loidhne sa Mhàrt/Ghiblean 2022, agus air loidhne san àm ri teachd air làrach-lìn Ceangal | Cwlwm (www.cengalcwlwm.com). Bidh 2 thagraiche às gach dùthaich chom-pàirteach san taghadh dheireannach. Is e rùn a' choimisein seo cothroman cruthachail le pàigheadh a thoirt do luchd-ealain a tha ag obair an Gàidhlig na h-Èireann, Gàidhlig na h-Alba agus a' Chuimris san àm dhùbhlanach a tha seo agus taic a thoirt do chruthachadh obair ùr sna trì mion-chànainean seo.

Gheibh an tagraiche soirbheachail seo tàille coimisein de **€2,400** (Èirinn) | **£2,000** (Alba/A' Chuimrigh/Èirinn a Tuath) airson pìos obrach a chruthachadh agus a thaisbeanadh gu digiteach aig tachartas Ceangal | Cwlwm III san t-Samhain air a' chuspair "Calmachd / Resilience". Gabhaidh an tàille seo a-steach a h-uile rud leithid innleachadh, cruthachadh agus docamaideadh a' phìosa, a' toirt a-steach co-oibrichean, teicnichean agus luchd-obrach neo-eisimeileach co-cheangailte sam bith eile a ghabhas pàirt ann an cruthachadh na h-obrach. Tha sinn a' toirt cuireadh do luchd-ealain air feadh nan trì dùthchannan com-pàirteach tagradh a chur a-steach ron **cheann-ama ùr 7 den Fhaoilleach 2022 aig 5f**.

Thèid co-dhùnadh dhèanamh orra seachdain a' tòiseachadh 10mh den Fhaoilleach agus 's e Diluain 21 den Mhàrt 2022 an ceann-latha airson nam pìosan a bhith dèanta. Thèid le tachartas sònraichte a chumail air loidhne sa Mhàirt/Ghiblean 2022 gus na pìosan a thaisbeanadh.

Slatan-tomhais:

- Pìos ùr de dhealbh-chluicheadaireachd stèidhichte air a' chuspair "Calmachd / Resilience".
- Bidh am pìos air a chlàradh ro làimh agus bu chòir dha a bhith air a sgrìobhadh agus/no air a chur air sa Chuimris, an Gàidhlig na h-Alba no an Gàidhlig na h-Èireann.
- Bu chòir don phìos dheireannach a bhith eadar 5mion-10mion a dh'fhad, a bhith air fhilmadh ri càileachd phroifeiseanta (1920x1080 / 25fsd) agus a bhith air a thoirt an làthair ann an cruth MP4 no .Mov. Gabhaidh stiùireadh iarraidh mu mhodhan a' chleachdaidh as fheàrr a thaobh filmadh.
- Tha tagraichean gam brosnachadh a bhith a' nochdadh ùr-ghnàthachadh, àrd-amas agus nuadhas.
- Feumaidh na tagraichean eisimpleirean a sholar de dh'obair a rinneadh cheana ann an cànainean co-cheangailte na gairme coimiseanaidh.

Mar a nithear tagradh:

Cuiribh post-d chun Marianne.nichinneide@nuigalway.ie; rhona@theatreuleor.com; lisa.lewis@decymru.ac.uk

agus "Ceangal | Cwlwm 2021 Commission" san loidhne cuspair.

Ann an sgrìobhainn PDF thoiribh cunntas air na leanas:

- Cò sibh agus co-theacsa don t-seòrsa obrach a bhios sibh a' dèanamh. (200 facal aig a' char as motha)
- Ainm a' phròiseict thèatair a tha fa-near dhuibh.
- Mion-fhiosrachadh mun smaoineas a tha sibh am beachd cruthachadh ma shoirbhicheas leibh agus dè mar. (300 facal aig a' char as motha)
- Cuiribh a-steach ainmean cho-oibrichean no luchd-ealain/oibrichean neo-eisimeileach co-cheangailte sam bith aig am bi làmh sa phròiseact a tha san amharc.

Thèid puing ceangail o sgioba cholabhairt Ceangal | Cwlwm III a shònrachadh do luchd-ealain soirbheachail feadh a' phròiseis ealanaich.

Tha na buidhnean a leanas bròdail a bhith a' maoineachadh is a' taiceadh a' choimisein seo: Colmcille, the University of South Wales, Ealaín na Gaeltachta, Taidhbhearc nan Gaillimhe, Theatre Gu Leòr, Theatr Genedlaethol Cymru, An Taibhdhearc agus Oilthigh Nàiseanta na h-Èireann, A' Ghailmhin.